



Human Sexuality

Sexuality Flower source: Jo Adams and Carol Painter

1. Na 5 ceudfathan againn:

fradharc, claisneachd, blas, fàileadh agus suathadh.
Mar eisimpleir, fairichidh tu fàileadh a' bhidh as fheàrr
leat ga bhruich, èistidh tu ris a' cheòl as fheàrr leat,
beiridh tu air làmh cuideigin, fairichidh tu teas na
grèine air d' aodann.

2. Na faireachdainnean againn:

Faireachdainnean a tha deimhinneach me toileachas, gaol, tlachd, earbsa. Cuideachd faireachdainnean a dh'fhaodas neach fhàgail troimhe-chèile no a tha a' faireachdainn neo-dheimhinneach me farmad, fearg ro bròn.

3. Spioradaileachd:

Canaidh cuid gu bheil do spioradaileachd mun spiorad no an t-anam daonna. Tha Spioradaileachd stèidhte air gaol agus urram do gach rud beò, seo mar a bhios tu a' ceangal ri nàdar. Do cuid de dhaoine tha seo mu dheidhinn a bhith a' creidsinn ann an dia agus a bhith nad phàirt de chreideamh. Ciamar as urrainn dhuinne, mar dhaoine gaol agus urram a shealltainn dhan t-saoghal agus coimhead às a dhèidh?

4. An dearbh-aithne

againn:

Tha dearbh-aithne a' ciallachadh mar a tha sinn gar faicinn fhìn. Leig ort gu bheil thu a' tachairt air cuideigin airson a' chiad turas. Dè dh'innseadh tu dhaibh mu do dheidhinn fhèin? Ciamar a dh'innseadh tu dhaibh cò ris a tha thu coltach?

5. Fèin-bheachd mu ar coltas:

Canaidh sinn fèin-ìomhaigh ris an seo. Nuair a tha sinn a' smaoineachadh air fèin-ìomhaigh, bidh sinn a' smaoineachadh air meudachd ar bodhaig, cruth ar bodhaig, mar a tha sinn a' faireachdainn mu ar bodhaig. Bu chòir do dheagh bheachd a bhith againn air ar bodhaigean, canaidh sinn fèin-ìomhaigh dheimhinneach ris an seo. Dè as toigh leibhse mu ar coltas agus mu na bodhaigean agaibh?

6. Na dàimhean againn ri daoine eile:

Bidh iomadach diofar seorsa dàimh aig daoine. Faodaidh tu bhith nad phàirt de theaghlach, nad phàirt de chlas-sgoile, nad phàirt de bhuidheann charaidean. Faodaidh inbhich fuireach comhla ri caraidean ann an taigh, còmhla ri cèile pòsta no gun phòsadh. Cò na daoine a tha cudromach nad bheatha fhèin?

